

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*PLEASE SCROLL DOWN FOR THE ENGLISH VERSION\***

**Airson sgaoileadh sa bhad**

**08/07/2014**

## **Foghlam Gàidhlig a' cuideachadh le stad a chur air crìonadh a' chànan**

Tha Bòrd na Gàidhlig air an Aithisg Bhliadhnailean airson na bliadhna ionmhais 2013/14, fhoillseachadh. A-rithist, 's e Bòrd na Gàidhlig a' chiad Bhuidheann Phoblach a tha air a sgrùdadadh le Sgrùdadadh na h-Alba a tha air crìoch a chur air an Aithisg is Cunntasan Bliadhnailean aige, ann an dà chànan.

A thuilleadh air a bhith sealltainn fianais airson bliadhna shoirbheachail agus ghealltanach, tha an aithisg a' toirt iomradh air mar a tha foghlam na Gàidhlig air a dhol am meud aig ìre ro-sgoile, bun-sgoile agus àrd-sgoile. Tha an àireamh de chloinn ann am foghlam tron Ghàidhlig sa bhun-sgoil air a dhol an àirde 6.1% agus tha an àireamh de chloinn a tha a' tòiseachadh air clas 1 sa bhun-sgoil air a dhol an àirde 13%, le 486 sgoilearan ann. Tha an àireamh sgoilearan ann am foghlam tron Ghàidhlig san àrd-sgoil air a dhol suas 7%, le 1,181 sgoilearan ann. Bha leudachadh ann cuideachd ann an roinn nan tràth-bhliadhnaichean agus an àireamh de bhuidhnean pàrant is pàiste agus cròileagain ag èirigh bho 80 gu 93, agus sin a' cur ris an àireimh de phàistean a dh'fhaodadh a bhith ann am FtG sna bliadhnaichean a tha romhainn.

A' bruidhinn air a' bhliadhna a dh'fhalbh, thuirt Ceannard Bhòrd na Gàidhlig Iain Aonghas MacAoidh: "B' e bliadhna a bh' ann an 2013/2014 a thug dòchas is misneachd don Bhòrd a-rithist, agus sinn a' faicinn leudachadh ann am foghlam Gàidhlig aig gach ìre. Bha sinn air ar misneachadh leis an fhianais bhon Chunntas-shluagh airson 2011 a sheall dhuinn gu bheil àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba air fuireach cha mhòr aig an aon ìre agus a bha i aig àm a' Chunntas-shluagh ann an 2001. 'S e as mothà a tha air cùl sin mar a tha foghlam Gàidhlig air fàs, agus e air leudachadh gu mòr bho thòisich e ann an 1985. Tha an gluasad a tha sinn a' faicinn a' sealltainn gun gabh stad a chur, san ath dheich bliadhna, air a' chrònadh a tha sinn air fhaicinn thar ùine fhada.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



'S e buidheann beag a th' ann am Bòrd na Gàidhlig le uallaichean mòra. Chaidh againn am-bliadhna air dèiligeadh ris na dùblain agus gabhail ris na cothroman a bh' ann ri linn taic is dealas a' Bhùird agus ar luchd-obrach, agus co-obrachadh is dìcheall nan ceudan de bhuidhnean is daoine a tha ag obair còmhla rinn - eadar a' Phàrlamaid is an Riaghaltas agus Ùghdarrasan Poblach, buidhnean bhon treas roinn is buidhnean coimeirsealta agus coimhairsnachdan ionadail."

Thuirt Cathraiche Bòrd na Gàidhlig, Iain Caimbeul: "Tha mi fior thoilichte aithris san Aithisg Bhliadhnaill seo gu bheil bliadhna air leth shoirbheachail air a bhith aig Bòrd na Gàidhlig agus tuilleadh adhartais air tighinn ann a bhith cur an gnìomh prìomhachasan a' Phlana Càinain Nàiseanta Ghàidhlig.

Bu toigh leam taing a thoirt do Riaghaltas na h-Alba agus dhan a h-uile buidheann eile a tha a' cumail taic leinn, ann an com-pàirteachas, leis an iomairt chudromaich seo.

Tha am Bòrd a' cur fàilte air na sgoiltean Gàidhlig ùra a tha air faire ann am Port Rìgh is sa Ghearsadan. 'S e naidheachd mhath cuideachd a th' ann gu bheil àireamh na cloinne ann am Foghlam tron Ghàidhlig a' sìor dhol am meud. 'S e ceumannan mòra a th' ann a bhith fosgladh sgoiltean Gàidhlig air feadh Alba gu lèir. Tha na sgoiltean sin a' cruthachadh bun-stèidh sheasmhach airson ar càinain, oir is e clann òga an latha an-diugh an fheadhainn a chumas a' Gàidhlig beò is fallain san àm ri teachd.

Tha bliadhna thrang romhainn ach tha sinne aig Bòrd na Gàidhlig làn misneachd gun tig tuilleadh adhartais ann a bhith cruthachadh suidheachadh seasmhach airson na Gàidhlig ann an Alba."

Air feadh na bliadhna, dhèilig am Bòrd ri 349 iarrtasan maoineachaidd bho dhiofar bhuidhnean bho air feadh Alba. Ge-tà, chaidh 72% den airgead a fhuair am Bòrd bho Riaghaltas na h-Alba a phàigheadh do dhaoine eile.

Thuirt Ministear airson Cànanan na h-Alba, Dr Alasdair Allan: "Tha pàrrantan air feadh na dùthcha air a dhèanamh soilleir gu bheil iad a' toirt fa-near na buannachdan a th' ann am foghlam dà-chànanach do an cloinn agus tha an àireamh chloinne a tha clàraichte ann an Sgoiltean Gàidhlig agus aonadan a' sìor èirigh. 'S e an taic seo bho phàrrantan aon de na prìomh adhbharan gun do sheall cunntas-sluagh 2011 gun

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



robh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig fo aois 20 air a dhol suas anns an deichead mu dheireadh agus gun robh an crònadh eachdraidheil ann an àireamh an luchd-labhairt air lughdachadh gu mòr.

“Tha na figearan sin a’ sealltainn gu bheil airgead a tha ga chur an seilbh le ceann-uidhe sònraichte chan ann a-mhàin a’ cuideachadh clann a bhith dèanamh nas fheàrr san sgoil, a bhith a’ dèanamh adhartas ann an àrainneachd dhà-chànanach le tuigse nas fheàrr aca air dualchas na Gàidhlig, ach cuideachd gu bheil sinn a’ toirt cùl-taice don Ghàidhlig mar phàirt beothail de dh’iomadh coimhairsnachd ann an Alba.

“Tha co-chomhairle a’ dol againn an-dràsta a’ coimhead air mar a tha Foghlam tron Ghàidhlig air a sholar air feadh Alba agus coimheadaидh e air àiteachan far an robh soirbheachadh agus mar as urrainn dhuinn togail air na chaidh a choileanadh mu thràth. Gabhaidh e ealla ri beachdan phàrantan, thidsearan agus ùghdarrasan ionadail gus an èirich às an sin modhan-obrach a bhios seasmhach anns an ùine fhada agus a bheir dhuinn na cothroman air dà-chànanas a tha teaghlaichean ag iarraidh.”

## DEIREADH

Airson tuilleadh fiosrachaидh mun bhrath-naidheachd seo, cuiribh fios gu Steven MacÌomhair, am Manaidsear Corporra is Conaltraidh aig Bòrd na Gàidhlig, aig [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) no air 01463 225 454.

## FIOSRACHADH DO LUCHD-DEASACHAIDH

*Mar bhuidhinn a bhios a’ faighinn airgead poblach, thèid Bòrd na Gàidhlig a sgrùdadadh gu cunbalach air an taobh a-staigh agus bhon taobh a-muigh. Bidh sin a’ cumail suas agus a’ neartachadh riaghlaidh na buidhne air an taobh a-staigh agus nì e cinnteach gun cum a’ bhuidhinn oirre a’ cosg nam maoinean aice le buaidh. ’S e Bòrd na Gàidhlig a’ chiad Bhuidheann Phoblach a tha air a sgrùdadadh le Sgrùdadadh na h-Alba a tha air crìoch a chur air an Aithisg is Cunntasan Bliadhnaile aige, ann an dà chànan.*

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



*Tha na leanas a' toirt tuairisgeul goirid air obair Bhòrd na Gàidhlig sa bhliadhna ionmhais 2013/14.*

## **Leasachaidhean Gàidhlig**

- **93** - Buidhnean Thràth-bhliadhnaichean (0-3) a' coinneachadh gach seachdain
- **13%** - an leudachadh a bh' ann san àireamh de chloinn a' tòiseachadh ann am foghlam tron Ghàidhlig
- **3** - Planaichean Gàidhlig aig Buidhnean Poblach aontaichte (tha 36 uile-gu-lèir aontaichte thuige seo)
- **29** - oilleanich a fhuair tabhartas foghlaim
- **15** - Buidhnean Gàidhlig aig a bheil aonta maoineachaidh leinn (Na Prìomh Bhuidhnean Gàidhlig)
- **106** - pròiseactan coimhleachadh a fhuair maoineachadh bho Thaic Freumhan Coimhleachadh (sgeama taice do choimhleachadan)
- **11** - pròiseactan a fhuair maoineachadh bho Cholmcille (air a cho-ruith le Foras na Gaeilge)
- **58** - pròiseactan a fhuair maoineachadh bho GLAIF (Maoin Bhuileachaidh Achd na Gàidhlig) a bheir taic do Bhuidhnean Poblach airson nam Planaichean Gàidhlig aca
- **18** - pròiseactan a fhuair maoineachadh bho dhiofar maoinean Ealain
- **7** - Pròiseactan rannsachaidh ùra a fhuair maoineachadh
- **39** - Buidhnean 0-3 a fhuair maoineachadh

## **Seirbheisean Corporra**

- **5.3%** - cuibhreann den bhuidseat againn a chaidh a chaomhnadh tro èifeachdas mu choinneamh targaid an Riaghaltais, 3%
- **96%** - an uiread de na Prìomh Chomharran Coileanaidh a chaidh a choileananadh
- **9/16** - an àireamh de na Builean Nàiseanta ris an do chuir sinn bho Fhrèam Coileanaidh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**08/07/2014**

**For Immediate Release**

## Gaelic education helps reverse decline of the Gaelic language

Bòrd na Gàidhlig has published its Annual Report for the 2013/14 financial year. Once again it is the first Public Body audited by Audit Scotland to sign off its Annual Report and Accounts, bilingually.

As well as demonstrating a positive and productive year for the Bòrd, it also highlights the growth of Gaelic education in the early years, primary & secondary sectors. Gaelic-medium education has seen a growth of 6.1% at primary school level with the number of children entering into primary one rising by 13% to 486 entrants. The number of pupils also doing Gaelic-medium education at secondary level rose by 7% totalling 1181. Further growth was seen the early years sector with the number of parent and toddler groups and playgroups increasing from 80 to 93, thus furthering the potential of increasing the number of entrants to GME in the coming years.

Reflecting on the previous year, Bòrd na Gàidhlig Ceannard (CEO), John Angus MacKay said: "2013/2014 was another positive year for the Bòrd with continued growth in Gaelic education, at all levels. The 2011 census results gave us very encouraging evidence that the number of Gaelic speakers in Scotland has almost stabilised since the census of 2001. This is mainly due to the rise in Gaelic-medium education which has seen excellent growth since its inception in 1985. The trend shows that within the next ten years the long term decline of the language could be reversed.

Bòrd na Gàidhlig is a small organisation with heavy responsibility. Our success in meeting challenges and grasping opportunities this year was based on a combination of dedication by our Bòrd and Staff, and the co-operation and diligence of the hundreds of organisations and individuals with which we work - ranging from Parliament and Government and Public Authorities, third sector and commercial organisations through to local communities."

[www.gaidhlig.org.uk](http://www.gaidhlig.org.uk)

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Bòrd na Gàidhlig Cathraiche (Chair), Iain Campbell said: "I was very pleased to record in this year's Annual Report that Bòrd na Gàidhlig has had a very successful year, with further progress being made in bringing to fruition the priorities of the National Gaelic Language Plan.

I would like to thank the Scottish Government and all of our partners for their support with this important undertaking.

The Bòrd welcomes the new Gaelic schools which are to be opened in Portree and Fort William. We are also pleased that the number of pupils in Gaelic Medium Education is steadily increasing. Another indication of the success of GME is the growing number of Gaelic schools that are being established across Scotland. These schools create a foundation for our language, for it is today's young children who will keep Gaelic alive and flourishing in the future.

We have a busy year ahead, but at Bòrd na Gàidhlig we are fully confident of still further progress in achieving a secure future for Gaelic in Scotland."

Through the course of the year the Bòrd dealt with 349 applications for funding from different organisations throughout the length and breadth of Scotland. 72% however of the funding received by the Bòrd from the Scottish Government was distributed to others.

Minister for Scotland's Languages Dr Alasdair Allan said: "Parents across the country have been clear that they recognise the benefits of a bilingual education for their children and the rolls for GME schools and units continue to grow. This support is one of the key reasons that the 2011 census showed that the number of Gaelic speakers under 20 had grown in the last decade and the historic decline in the number of speakers has slowed dramatically.

"These figures show that targeted investment is not only helping children excel at school; develop in a bilingual environment and understand Gaelic culture better, but that we are also encouraging Gaelic as a vibrant part of many of Scotland's communities.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



"We are currently consulting on the provision of GME across Scotland and will look at the successes so far and how we can continue to build on our achievements. It will reflect the views of parents, teachers and local authorities to develop a long-term, sustainable approach to delivering the bilingual opportunities families are calling for."

"I would like to congratulate the Bòrd on its work to promote Gaelic culture and to encourage the many community groups that are creating opportunities for speakers of all ages and backgrounds."

**ENDS**

**For further information on the contents of this news release please contact Steven MacIver, Corporate and Communications Manager, Bòrd na Gàidhlig by e-mailing [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) or phoning 01463 225 454.**

## NOTES TO EDITORS

*As an organisation which receives public funding, Bòrd na Gàidhlig is regularly audited both internally and externally. This maintains and strengthens internal governance whilst ensuring the organisation continues to spend funds effectively. Bòrd na Gàidhlig is the first Public Body audited by Audit Scotland to sign off its Annual Report and Accounts this year, bilingually.*

*The following is a brief description of Bòrd na Gàidhlig's activities during the financial year 2013 / 2014.*

### **Gaelic Development**

- **93** - Early-Years groups (0-3) meeting weekly
- **13%** - growth seen in the number of children entering Gaelic-medium education
- **3** - Public Bodies Gaelic Plans agreed (total of 36 agreed to date)
- **29** - students received education grants

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



- **15** - Gaelic organisations with funding agreements (main Gaelic Organisations)
- **106** - community projects funded through the Taic Freumhan Coimhearsnachd (Community Support funding scheme)
- **11** - projects funded through the ColmCille funding scheme (Jointly administered with Foras na Gaeilge)
- **58** - projects funded through the GLAIF (Gaelic Language Act Implementation Fund) funding scheme to support Public Bodies' Gaelic Language Plans
- **18** - projects funded through our different Arts funds
- **7** - New research projects funded
- **39** - 0-3 age Groups funded

## ***Corporate Services***

- **5.3%** - efficiency savings found against Government target of 3%
- **96%** - KPIs achieved
- **9/16** - of the National Outcomes in the Scottish Government's National Performance Framework contributed to